FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| KU | RE |
|---|---|
| | |

Total Marks

# 2500/407

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2010

D I CIADAIN , 5 CÈITEIN
9.00 m – 9.20 m

# MATAMATAIG
## AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre
Pàipear 1
Gun àireamhair

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 **Chan fhaod thu àireamhair a chleachdadh.**

2 Freagair nas urrainn dhuit de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail falamh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhitheas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharraidhean fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir a chall.

SQA
©

| *Comharraidhean* | KU | RE |
|---|---|---|

**1.** Obraich a-mach na freagairtean aca seo.

(*a*) 8325 + 647

OBRACHADH

FREAGAIRT

1

(*b*) £3·25 × 6

OBRACHADH

FREAGAIRT £

1

(*c*) 10% de 56

OBRACHADH

FREAGAIRT

2

**2.** Tha Iain a' dràibheadh làraidh.
Tha e a' sealltainn ris an sgèile seo a dh'fhaicinn dè an connadh a th' anns an tanca.




Sgrìobh sios am bloigh a tha a dhìth.

| FREAGAIRT | |
|---|---|

1

Comharraidhean | KU | RE

**3.** Is e loidhne bhriste a th' anns an axis cothromachaidh.

Crìochnaich an diagram.



4

**4.** Tha 175 mìleliotair ola grùthan truisg ann am botal.




Tha Uilleam a' gabhail spàin 5 mìleliotairean a h-uile latha.

Cia mheud latha a mhaireas am botal?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | làithean |

2

**5.** Ann an Còd Morse tha litrichean air an riochdachadh ann am pàtrain dotagan agus sgrìoban.

Tha am facal **TELEPHONE** air a shealltainn ann an Còd Morse.

| Litir | | Còd Morse |
|---|---|---|
| **T** | = | ▬ |
| **E** | = | ● |
| **L** | = | ● ▬ ● ● |
| **E** | = | ● |
| **P** | = | ● ▬ ▬ ● |
| **H** | = | ● ● ● ● |
| **O** | = | ▬ ▬ ▬ |
| **N** | = | ▬ ● |
| **E** | = | ● |

Seall am facal **PEN** ann an Còd Morse.

FREAGAIRT

| Litir | | Còd Morse |
|---|---|---|
| **P** | = | |
| **E** | = | |
| **N** | = | |

**3**

**6.** ’S e ceart-cheàrnach a tha seo.




Obraich a-mach meud na ceàrna sgàilich.

OBRACHADH

FREAGAIRT °

2

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**7.** Faodar an clàr-graf a chleachdadh airson cosgais connaidh fhaighinn a-mach.




Tha an graf a' sealltainn gu bheil 8 liotairean connaidh a' cosg £12.

(*a*) Phàigh dràibheir £24 airson connadh.

Cia mheud liotair a cheannaich e?

| FREAGAIRT | liotairean |
|---|---|

1

(*b*) Obraich a-mach dè a chosgadh 36 liotairean de chonnadh.

| OBRACHADH |
|---|
| |

| FREAGAIRT | £ |
|---|---|

3

**8.** Tha an diagram a' sealltainn an sgàilean rèidear air bàta.

Tha na cearcaill 20 cilemeatairean bho chèile.




Tha a' chrois (+) a' sealltainn an àite far a bheil bàta-aigeil.

- air cùrsa 045°
- 40 cilemeatairean bhon bhàta.

Comharraich le crois air an diagram an t-àite far a bheil bàta-aigeil eile.

- air cùrsa 270°
- 20 cilemeatairean bhon bhàta. **2**

**9.** Ann an cuairt-bhrisidh ann an co-fharpais, tha comharran gan toirt seachad airson na cumaidhean 3-sheallach a th' air an sealltainn an seo ainmeachadh ceart.




1 chomharra | 2 chomharra | 3 comharran | 4 comharran

Tha freagairt ceàrr a' faighinn 0 comharran.

Seo na clàran freagairt aig Sgioba A agus Sgioba B.

| SGIOBA A | | |
|---|---|---|
| Cumadh | Ainm | Comharran |
|  | siolandair | 0 |
|  | ciùbaid | |
|  | còn | |
|  | cruinne | |

| SGIOBA B | | |
|---|---|---|
| Cumadh | Ainm | Comharran |
|  | ciùbaid | 1 |
|  | siolandair | |
|  | còn | |
|  | cearcall | |

**9. (a' leantainn)**



Le bhith a' crìochnachadh nan clàran freagairt, faigh a-mach cò an sgioba a bhuannaich an fharpais.

**Feumaidh tu adhbhar a thoirt airson do fhreagairt**.

OBRACHADH

FREAGAIRT LE ADHBHAR

**4**

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| KU | RE |
|---|---|
| | |

Total Marks

# 2500/408

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2010

DICIADAIN , 5 CÈITEIN
9.40 m – 10.20 m

# MATAMATAIG
## AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre
Pàipear 2

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 **Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh.**

2 Freagair nas urrainn dhuit de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail falamh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhitheas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharran fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir a chall.

©

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**1.** Tha saor a' faighinn pàigheadh £23·75 san uair.
Nuair a dh'obraicheas e air an t-Sàbaid tha am pàigheadh aige air a dhùblachadh.

Dè am pàigheadh a gheibh e airson 8 uairean de thìde obrachadh air an t-Sàbaid?



OBRACHADH

FREAGAIRT £

3

**2.** Thatar a' dol a chur feansa timcheall an achaidh seo.




(*a*) Dè an fhaid feansa a dh'fheumar uile gu lèir?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | meatairean |

2

(*b*) Tha an fheansa a' cosg £2·50 gach meatar.

Dè na chosgas an fheansa gu lèir?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

2

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**3.** Tha Anna a' dèanamh dealbh le croisean. Tha gach crois air a dèanamh le ceàrnagan mar a th' air a shealltainn.



**Crois àireamh 1** **Crois àireamh 2** **Crois àireamh 3**

(*a*) Lìon a-steach an clàr seo.

| Àireamh na croise | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | | 11 |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Àireamh de cheàrnagan | 5 | 9 | | | | | | |

OBRACHADH

4

(*b*) Sgrìobh sìos riaghailt airson an àireamh de cheàrnagan fhaighinn ma tha fios agad air àireamh na croise.

RIAGHAILT

2

**4.** Tha na cosgaisean turais aig buidheann tìr-stiùiridh air an sealltainn an seo.

| | |
|---|---|
| Connadh airson a' bhus | £ 45·84 |
| Biadh | £ 67·72 |
| Clàran | £ 27·50 |
| Cosgaisean faighinn a-steach | £ |
| Cosgaisean gu lèir | £ 222·81 |



Obraich a-mach cosgaisean faighinn a-steach.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

3

**5.** Tha na clàran-ama a' sealltainn uairean nan aiseagan eadar Ardrossan agus Brodick.

| Ardrossan | Brodick |
|---|---|
| *A' fàgail* | *A' ruighinn* |
| 07 00 | 07 55 |
| 09 45 | 10 40 |
| 12 30 | 13 25 |
| 15 15 | 16 10 |
| 18 00 | 18 55 |

| Brodick | Ardrossan |
|---|---|
| *A' fàgail* | *A' ruighinn* |
| 08 20 | 09 15 |
| 11 05 | 12 00 |
| 13 50 | 14 45 |
| 16 40 | 17 35 |
| 19 20 | 20 15 |

(*a*) Dè an ùine tha an t-aiseag a' toirt bho Ardrossan gu Brodick?

| FREAGAIRT | mionaidean |
|---|---|

1

(*b*) Aon latha ghabh Beathag a' chiad aiseag bho Ardrossan gu Brodick agus ghabh i an t-aiseag mu dheireadh air an t-slighe air ais.

Dè an ùine chuir Beathag seachad ann am Brodick?

OBRACHADH

| FREAGAIRT | uairean | mionaidean |
|---|---|---|

4

| Comhàrraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**6.** Tha ciùban air an càrnadh ann an oisein mar a th' air a shealltainn.



Cia mheud ciùb a th' anns a' chàrn?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | ciùban |

1

**7.** (*a*) Dè an tomhais a th' air a shealltainn air an sgèile seo?




| FREAGAIRT | cileagraman |
|---|---|

1

(*b*) Dè a th' anns an tomhais seo ann an gramaichean?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| FREAGAIRT | gramaichean |

2

*Comharraidhean* | KU | RE

**8.** Tha an àireamh de dh'uairean a thìde de ghrèin ann am baile ga chlàradh thar seachd latha.

Tha na figearan bho Là na Sàbaid gu Diardaoin air an sealltainn anns a' chlàr seo.

| *Latha* | Là na Sàbaid | Diluain | Dimàirt | Diciadain | Diardaoin |
|---|---|---|---|---|---|
| *Uairean a thìde de ghrèin* | 8 | 6 | 7 | 10 | 5 |

(*a*) Lìon a-steach an clàr-deilbh airson Diciadain agus Diardaoin.

**2**

**Uairean a thìde de ghrèin**




(*b*) Uile gu lèir bha 43 uairean a thìde de ghrèin anns an t-seachdain.

Bha aon uair a thìde na bu lugha de ghrèin ann Dihaoine na bh' ann Disathairne.

Crìochnaich an clàr airson Dihaoine agus Disathairne.

OBRACHADH

FREAGAIRT

| *Latha* | Là na Sàbaid | Diluain | Dimàirt | Diciadain | Diardaoin | Dihaoine | Disathairne |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| *Uairean a thìde de ghrèin* | 8 | 6 | 7 | 10 | 5 | | |

**4**

| | Comhartaidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**9.** Tha na chosg an teaghlach Khan de dh'airgead gach seachdain airson ceithir seachdainean air a shealltainn an seo.

£170 £122 £110 £130

Obraich a-mach am meadhan àireamhachd a chosg iad gach seachdain.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

4

**10.** Chlàraich Alasdair an àireamh de fheallaidhean agus an àireamh de thadhail a chuir còig sgiobaidhean ionadail hocaidh aon fheasgar Disathairne.




Bha 6 feallaidhean aig Alton agus chuir iad 4 tadhail.

(*a*) Cia mheud tadhal a chuir Beaton?

| FREAGAIRT | tadhail |
|---|---|

1

(*b*) Cleachd na sanasan a th' air an toirt seachad gu h-ìosal airson ainm an sgiobaidh cheairt a chur ri taobh gach dotaig anns an diagram.

- Chuir Daiton an aon àireamh de thadhail ri Alton.
- Chuir Beaton a dhà uiread de thadhail ri Exton.
- Bha an aon àireamh de fheallaidhean aig Chelton agus Beaton.

OBRACHADH

3

**11.** Tha an seòl air bàta ann an cumadh triantan ceart-cheàrnach mar a th' air a shealltainn.






Obrach a-mach farsaingeachd an triantain seo.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | meataran ceàrnagach |

3

Comharraidhean | KU | RE

**12.** Tha an diagram a' sealltainn an àireamh de luchd-amhairc a gheibh suidhe anns gach fear de na ceithir ionadan-amhairc ann an lann-cluiche anns a' phrìomh lìg ball-coise.




(*a*) Cia mheud luchd-amhairc a gheibh air suidhe anns an lann-cluiche?

OBRACHADH

FREAGAIRT luchd-amhairc

**2**

(*b*) Airson gum faic barrachd luchd-amhairc na geamaichean ball-coise, thatar a' dol a dhèanamh an Ionaid-amhairc a Deas nas motha.
Theid an àireamh de luchd-amhairc a gheibh a-steach don **Ionad-amhairc a Deas** àrdachadh 25%.

Obraich a-mach cia mheud luchd-amhairc a ghabhas an lann-cluiche **gu lèir** an uair sin.

OBRACHADH

FREAGAIRT luchd-amhairc

**3**

| | Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**13.** Tha Raghnall Higgins a' cluich snucair anns a' chlub aige.

Aon latha chàirich e 28 bàllaichean snucair ri taobh a' mhaide snucair aige mar a th' air a shealltainn an seo. Mhothaich e gun do rinn iad loidhne a bha **dìreach glan** an aon fhaid ris a' mhaide snucair aige.



Tha fios aig Raghnall gu bheil 145·6 ceudameatairean de dh'fhaid anns a' mhaide snucair aige.

Obraich a mach **radius** gach ball snucair.

OBRACHADH

FREAGAIRT ceudameatairean **3**

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**14.** Tha an stiùireadh airson cearc **bheag** Fhrangach a bhruich a' moladh 45 mionaidean airson gach cileagram agus 20 mionaid a bharrachd air an sin.



Tha seo a' toirt dhuinn am foirmle airson cearc **bheag** Fhrangach a bhruich.

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Ùine bruich ann an am mionaidean** | **=** | **cudrom ann an cileagraman** | **× 45 + 20** |

(*a*) Obraich a-mach ann am mionaidean an ùine bruich airson cearc **bheag** Fhrangach anns a bheil 3 cileagraman.

OBRACHADH

FREAGAIRT mionaidean

2

(*b*) Tha an stiùireadh airson cearc **mheadhanach** Fhrangach a' moladh 40 mionaid gach cileagram agus 25 mionaidean a bharrachd air an sin.

Crìochnaich am foirmle airson cearc **mheadhanach** Fhrangach a bhruich.

| | | |
|---|---|---|
| **Ùine bruich ann an am mionaidean** | **=** | |

2

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN**